

DREUCHD BÀN
CO-ÒRDANAICHE, AG OBAIR AIR AN CEANN FHÈIN
do Ceangal / Cwlwm IV

cruinneachadh de roinntean thèatair na Gàidhlig, na Gaeilge agus na Cuimris

Tha na com-pàirtichean Ceangal Cwlwm a' trusadh co-òrdanaiche gus obrachadh còmhla ri buidheann stiùiridh air cruinneachadh eadar-nàiseanta thèatair a bhios a' gabhail àite air 11 & 12 Samhain 2022.

Bidh co-bhonn Ceangal Cwlwm a' cumail tachartas bliadhnail fad dà latha, 's e sin cruinneachadh de luchd-thèatair, luchd-ealain, acadaimigich agus companaidhean a nì obair thèatair sa Ghàidhlig, sa Ghaeilge agus sa Chuimris.

Bidh an co-òrdanaiche ag obair gu pàirt-ùine as leth na buidhne stiùiridh, air cùmhanta freelance air a chur air dòigh le Theatre Gu Leòr, bho Sultain 2022 gu Màrt 2023. Tha £5,000 ga thabhainn mar thuarastal agus dùil ann gun toir e 30 latha obrach, 's iad rin dèanamh aig amannan a fhreagras air a' cho-òrdanaiche fhèin, air na com-pàirtichean eile agus air feumalachan a' phròiseict.

Ag obair còmhla ris na com-pàirtichean ann an Èirinn, Alba agus anns a' Chuimrigh, feumaidh comas a bhith aig a' cho-òrdanaiche sealltainn gu bheil iad air pròiseactan de a leithid a ruith roimhe agus gu bheil sgilean air leth aca a thaobh rianachd agus conalraidh, a thaobh a bhith ag obair ann an com-pàirteachas, agus a thaobh a bhith a' cumail smachd air buidseatan.

"S iad a' Ghàidhlig, a' Ghaeilge, a' Chuimris agus a' Bheurla cànan obrach Ceangal Cwlwm, agus feumaidh an co-òrdanaiche a bhith fileanta ann an co-dhiù dà dhiubh (a' Bheurla agus fear eile).

An Cruinneachadh

'S e tachartas innsgineach, beòthail a bhios ann, aig Tèatar Nàiseanta na h-Alba ann an Glaschu air 11 & 12 Samhain 2022, 's e a' toirt còmhla luchd-thèatair, luchd-ealain, riochdachaidhean, acadaimigich, luchd-maoineachaidh agus companaidhean is buidhnean nàiseanta bho Èirinn, Alba agus bhon Chuimrigh. Thèid pìosan goirid de dh'obair co-aimsireil a thaisbeanadh, cuideachd.

Airson tuilleadh fiosrachaidh air na cruinneachaidhean a chaidh a chumail roimhe, agus air lionra Ceangal / Cwlwm san fharsaingeachd, rach don làrach-lìn againn: <https://www.ceangalcwlwm.com/>

An Dreuchd

- Co-òrdanaich agus libhrig an cruinneachadh còmhla ris a' bhuidheann stiùiridh
- Cur air dòigh agus co-òrdanaich luchd-bruidhinn, luchd-taisbeantais, luchd-lìbhrigidh agus luchd-èisteachd don chruinneachadh
- Cur air dòigh agus co-òrdanaich àitichean-fuirich agus siubhal do luchd-bruidhinn is eile
- Cur air dòigh eadar-theangachadh-mar-aon
- Co-òrdanaich eadar-theangairean

- Cùm smachd air buidseat an tachartais
- Co-òrdanaich sanasachd agus margaidhean don chruinneachadh
- Cruthaich agus foillsich fiosrachadh air làrach-lìn Ceangal Cwlwm
- Ullaich pàipearan agus stuthan eile ron chruinneachadh
- Cruinnich fiosrachadh mheasaidh gus a thoirt do luchd-maoineachaidh

Sgilean / Buadhan / Eòlas

- Fileantas anns a’ Bheurla agus co-dhiù aon chànan eile den lìonra, an dà chuid labhairte agus sgrìobhte
- Eòlas air a bhith ag obair sna h-ealain anns a’ Ghàidhlig, sa Ghaeilge no sa Chuimris
- Eòlas air manaidsreachd tachartasan
- Eòlas air cumail smachd air buidseatan
- Eòlas air prògraman leithid Mailchimp, Squarespace, agus na meadhanan sòisealta
- Feumaidh an tagraiche a bhith saor gus a bhith an làthair aig a’ chruinneachadh ann an Glaschu san Samhain 2022

Tuarastal a’ Cho-òrdanaiche

£5,000 airson na h-ùine obrach eadar Sultain 2022 agus Màrt 2023 (nach eil a’ toirt a-steach cosgaisean siubhal is eile).

Thathar an dùil gun tèid a’ mhòr-chuid den obair a dhèanamh ann an 2022.

Nach cuir sibh na leanas mar thagraidh don dreuchd seo ro 17:00, 23/09/22.

- C.V. le eisimpleirean de obair san roinn seo
- Litir ag innse mun ùidh a th’ agad innte agus mar a tha thu freagarrach don dreuchd
- Fiosrachadh chonaltraidh agad (post-d, fòn)

Bu chòir iarrtasan a bhith air an cur gu info@theatreguleor.com.

Faodar ceistean mun dreuchd a chur chun an t-seòlaidh seo cuideachd.